

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Foirgheall Obar Bhrothaig

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 1,068. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 764 corresponds to Litir 1,068.

Bliadhna Mhath Ùr dhuibh. Tha mi a’ dol a thòiseachadh le ceistean mu sheann rìghrean na h-Alba. Cò an t-aon Rìgh Albannach a th’ air ainmeachadh anns a’ *Mhagna Carta* – an sgrìobhainn chudromach Shasannach? Cò an t-aon Rìgh Albannach a thug armailt mhòr leis gu ruige cladach a deas Shasainn? Agus cò an t-aon Rìgh Albannach a chaochail ann an Eilean Chearrara, faisg air an Òban?

Uill, ’s e a aon duine a bh’ anns na trì – Rìgh Alasdair II no Alasdair mac Uilleim ’ic Eanraig ’ic Dhaibhidh. Ghabh e an rìgh-chathair ann an dà cheud deug is ceithir-deug (1214). Nuair a bha e fhathast na dheugaire, thug e armailt Albannach leis thar crìoch Shasainn airson taic a thoirt do na h-uaislean Sasannach an aghaidh Rìgh Iain. Bha e an dòchas fearann fhaighinn ann an ceann an ear-thuath Shasainn.

Cha do thachair e, ge-tà. Ràinig Alasdair Dòbhair ach dh’atharraich cùisean gu poilitigeach ann an Sasainn, agus thill e dhachaigh gun duais. Thug e sùil an uair sin air na tìrean Albannach a bha fo smachd nan Lochlannach air an taobh an iar. Thug e Earra-Ghàidheal fo smachd na h-Alba. Bha e ag iomairt an aghaidh nan Lochlannach anns na h-eileanan nuair a chaochail e, ann an Cearrara, ann an dà cheud deug, ceathrad ’s a naoi (1249).

Bliadhnaichean roimhe sin, nuair a bha Alasdair ann an Sasainn, thàinig uaislean Shasainn agus Rìgh Iain còmhla airson am *Magna Carta* a chruthachadh – sgrìobhainn a bha a’ daingneachadh chòraichean nam baran. Agus tha an Rìgh Albannach air ainmeachadh ann. A thaobh nan giall Albannach – càirdean aig Alasdair – a bh’ air an cumail an grèim ann an Sasainn, bhite a’ dèiligeadh riutha anns an aon dòigh ri barain Shasainn fhèin, tha am *Magna Carta* ag ràdh.

Bha mi a’ beachdachadh air a’ *Mhagna Carta* oir bha m’ aire air sgrìobhainn eile – Foirgheall Obair Bhrothaig – *The Declaration of Arbroath*. Am measg muinntir Bhreatainn, tha am *Magna Carta* gu math aithnichte is cliùmhòr. Eadhon ann an Alba, chan eil Foirgheall Obar Bhrothaig idir cho aithnichte ris.

Ach tha dùil agam gun atharraich sin am-bliadhna, oir bithear a’ comharrachadh seachd ceud bliadhna on a chaidh Foirgheall Obar Bhrothaig a chur don Phàp ann an Avignon.

Sgrìobh mi mu dheidhinn Foirgheall Obar Bhrothaig ann an Litrichean 649 agus 650. Chan eil mi airson cus a bharrachd a ràdh an-diugh, ach gu bheil mi an dòchas gum bi e a cheart cho aithnichte ris a’ *Mhagna Carta* **mus bi a’ bhliadhna a-mach**. Agus **carson nach bitheadh?** Chan eil foirgheall nas cudromaiche againn. Tha e a’ seasamh mar thaisbeanadh

de shaorsa is neo-eisimeileachd. Agus tha e a' dearbhadh gun robh na h-Albannaich o shean dhen bheachd gun robh rìgh a' riaghladh a-mhàin le cead an t-sluaigh.

Tron bhliadhna, ann an Obar Bhrothaig, bidh tòrr a' dol mar chuimhneachan air. Am measg sin, bidh caismeachd de cheudan dhaoine a choinnicheas ri cabhlach bhàtaichean aig a' chala. Bithear a' leughadh dreach ùr dhen Fhoirgheall agus bithear a' cur lethbhreac ùr dheth gu muir, dìreach mar a thachair o chionn seachd ceud bliadhna. Cuiridh e iongnadh orm mura bi Ameireaganach no dhà ann, oir tha cuid dhen bheachd gun robh Foirgheall Obar Bhrothaig am measg nan sgrìobhainnean air an robh luchd-stèidhichidh nan Stàitean Aonaichte a' beachdachadh nuair a sgrìobh iad am Foirgheall Neo-eisimeileachd aca fhèin.

* * * * *

Faclan na Litreach: rìgh-chathair: *throne*; deugaire: *teenager*; Dòbhair: *Dover*; Foirgheall Obar Bhrothaig: *The Declaration of Arbroath*; aithnichte: *recognised, known*; cliùmhor: *renowned*; lethbhreac: *copy*.

Abairtean na Litreach: Bliadhna Mhath Ùr dhuibh: *Happy New Year [to you]*; cò an t-aon Rìgh Albannach a thug armailt mhòr leis gu ruige cladach a deas Shasainn?: *who is the one Scottish king who took a large army with him to the south coast of England?*; a chaochail ann an Eilean Chearrara: *who died on the Island of Kerrera*; an dòchas fearann fhaighinn ann an ceann an ear-thuath Shasainn: *hoping to gain land in the north-east of England*; na tirean Albannach a bha fo smachd nan Lochlannach air an taobh an iar: *the Scottish lands that were under the control of the Scandinavians in the west*; thàinig uaislean Shasainn agus Rìgh Iain còmhla airson X a chruthachadh: *the nobles of England and King John came together to create X*; sgrìobhainn a bha a' daingneachadh chòraichean nam baran: *a document that was reinforcing the rights of the barons*; a thaobh nan giall Albannach: *with regard to the Scottish hostages*; bhite a' dèiligeadh riutha anns an aon dòigh ri barain Shasainn fhèin: *they would be dealt with in the same way as the barons of England*; tha dùil agam gun atharraich sin am-bliadhna: *I expect that will change this year*; oir bithear a' comharrachadh seachd ceud bliadhna: *seven hundred years will be commemorated*; mar thaisbeanadh de shaorsa is neo-eisimeileachd: *as a manifestation of freedom and independence*; gun robh rìgh a' riaghladh a-mhàin le cead an t-sluaigh: *that a king only reigned with the permission of the people*; bidh caismeachd de cheudan dhaoine a choinnicheas ri cabhlach bhàtaichean aig a' chala: *there will be a march of hundreds of people who will meet a fleet of boats at the harbour*; cuiridh e iongnadh orm mura bi Ameireaganach no dhà ann: *I'd [I will] be surprised if they are not an American or two present*; air an robh luchd-stèidhichidh nan Stàitean Aonaichte a' beachdachadh nuair a sgrìobh iad am Foirgheall Neo-eisimeileachd aca fhèin: *of which the founders of the United States were thinking when they wrote their own Declaration of Independence*.

Puing-chànain na Litreach: carson nach bitheadh?: *why wouldn't it be?* The normal spelling of the conditional verbal form of 'bi' (the verb 'to be') is biodh, except when we emphasise it, and give the emphatic pronunciation [BEE-ugh]. Then it is spelt bitheadh.

Gnàthas-cainnt na Litreach: mus bi a' bhliadhna a-mach: *before the year is out*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA